



AITHISG BHLIADHNAIL & AITHRIS NAN CUNNTASAN
ANNUAL REPORT & STATEMENT OF ACCOUNTS

09 | 10
09 | 10



Rathad Shiphoint
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2SD


10 Òg-mhìos 2010

Colette Bowe
Cathraiche
Ofcom
Riverside House
2A Southwark Bridge Road
LUNNAINN
SE1 9HA

A Bh. Uas. Bowe

Aithisg Bhliadhnaill & Aithris nan Cunntasan

An co-chòrdadh ri Earrann 19(12) de Achd Craolaidh 1990,
tha mi a' cur an cois seo Aithisg Bhliadhnaill Sheirbheis nam
Meadhanan Gàidhlig agus Aithris nan Cunntasan airson na
bliadhna a dhùin 31 Màrt 2010.



Alasdair Moireasdan
CATHRAICHE

Seaforth Road
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2SD


10 June 2010

Colette Bowe
Chairman
Ofcom
Riverside House
2A Southwark Bridge Road
LONDON
SE1 9HA

Dear Ms Bowe

Annual Report & Statement of Accounts

In accordance with Schedule 19(12) of the Broadcasting
Act 1990, I enclose the Annual Report of Seirbheis nam
Meadhanan Gàidhlig (Gaelic Media Service) and the
Statement of Accounts for the year ended 31 Màrt 2010.



Alasdair Morrison
CHAIRMAN





CLÀR-INNSE

CONTENTS

Teachdaireachd a' Chathraiche	4
Chairman's Message	4
Lèirmheas an Àrd Oifigeir	6
Chief Executive's Review	6
Toraidhean is Amasan 2009 10	10
Outputs and Objectives 2009 10	10
Lèirmheas air a' Bhliadhna: BBC ALBA agus Meadhanan Gàidhlig Eile	12
A Review of the Year: BBC ALBA and Other Gaelic Media Content	12
Aithris Riaghlaidh	24
Governance Statement	24
Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (ag obrachadh fon ainm MG ALBA)	
– Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2010	
Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (operating as MG ALBA)	29
– Accounts for the year ended 31 March 2010	29
Tuilleadh Fiosrachaidh	46
Additional Information	46
Luchd-obrach	48
Staff	48
Buill a' Bhùird	50
Board Members	50
Comhairlichean Fios Thugainn	52
Advisors Contact details	52



TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE CHAIRMAN'S MESSAGE

4



Alasdair Moireasdan

Alasdair Moireasdan | Cathraiche
Alasdair Morrison | Chairman

B' e 2009/10 a' chiad bhliadhna shlàn de chraoladh air BBC ALBA – bliadhna anns an robh adhartas agus deagh naidheachdan air am measgachadh le briseadh dùil. Chan eil teagamh ann mu luach BBC ALBA, no cho math 's a tha e a' cordadh ris an luchd-amhairc, ach is e an cnap-starra as mothà a th' againn gu bheil a' mhòr-chuid de dhaoine ann an Alba fhathast as aonais an t-sianail.

Tha taic a' mhòr-shluagh follaiseach, sna beachdan a chluinneas sinn mu phrògraman BBC ALBA agus gu sònraichte sna miltean fheagairtean a chuir iad gu Urras a' BhBC sa cho-chomhairle air ath-sgrùdadh BBC ALBA am bliadhna. Is ann don luchd-amhairc agus luchd-èisteachd a tha ar dleastanas mar chraoladar, agus tha sinn mothachail air cho foighidneach 's a tha iad air a bhith.

2009/10 was BBC ALBA's first full year of broadcasting – a year in which progress and good news were tempered by disappointment. There is no doubt about the value of BBC ALBA or its appeal to audiences, but our greatest obstacle is that most people in Scotland are still unable to receive the channel.

The public's support has been evident in the feedback we have received about BBC ALBA programmes and particularly in the thousands of responses that were sent to the BBC Trust during its public consultation on BBC ALBA this year. Our duty as a broadcaster is to our viewers and listeners, and we are mindful of how patient they have been.



'S e briseadh dùil a bh'ann nuair a nochd co-dhùnadhbh Urras a' BhBC gum biodh iad a' fuireach gu foghar 2010 mus tigeadh iad gu aonta air craobh-sgaoileadh BBC ALBA san àm ri teachd.

Ged nach eil Urras a' BhBC air Freeview a dhiùltadh don t-seanail, tha an co-dhùnadhbh gar fàgail gun chinnt airson ùine fhad 's a tha co-chomhairle a' dol air roi-innleachd fharsaing a' BhBC. Bidh sinne agus ar co-obraichean aig a' BhBC a' strì fhathast airson dèanamh cinnteach gum bi BBC ALBA ri fhaighinn air a h-uile Ùrlar didseatach, air stèidh cho-ionnan ri craoladairean nam mion-chànanan eile, agus tha misneachd agam gum faigh sinn fuasgladh air ceist Freeview tro na còmhraidhean a tha a' leantainn le Urras a' BhBC, le Ofcom agus leis an riaghaltas.

Bha ceistean mu sgaoileadh, air Freeview agus càball, agus ceistean maoineachaiddh aig cridhe nan còmhraidhean a bh' aig bòrd MG ALBA, le ar co-obraichean aig a' BhBC, agus ann an deasbadan poileataigeach am bliadhna.

Tha e soilleir gu bheil BBC ALBA na eisimpleir airson craoladh poblach san linn ùir – stèidhichte air co-bhanntachd, a' lorg dhòighean-obrach ùra agus a' sireadh an luach as mothà às gach sgillinn a chum iarrtas an luchd-amhairc. Ged nach eil e fhathast ri fhaighinn anns a h-uile dachaigh, tha BBC ALBA a-nis stèidhichte mar phàirt den àrainneachd chultarail ann an Alba, ach aon uair 's gu bheil na ceistean sgaolilidh seachad bidh maoin a bharrachd a dhith ma tha sinn a' dol a leasachadh na seirbheis.

Tha mi air a bhith an eisimeil buill Bòrd MG ALBA airson an eòlais agus comhairle tron bhliadhna. Tha an t-Àrd Oifigear, Dòmhnull Caimbeul, air an sgioba aigesan a stiùireadh gu dìcheallach agus bu chòir do gach neach-obrach a bhith moiteil às an t-seanail a tha na thoradh air an obair phroifeiseanta aca. Tha roinnean riaghaltais agus luchd-poileataics à gach partaidh air taic a chur ri MG ALBA agus ri BBC ALBA, agus bidh taic nan daoine seo, agus taic a' mhòr-shluagh riatanach san obair a tha romhainn anns a' bhliadhna air thoisearch.

It was disappointing that the BBC Trust decided to wait until the autumn of 2010 before coming to an agreement on the future distribution of BBC ALBA.

Although the BBC Trust has not refused the channel carriage on Freeview, its decision leaves us in a period of uncertainty while a wider consultation on the future strategy of the BBC is carried out. We and our colleagues at the BBC continue to strive to ensure that BBC ALBA is made available on every digital platform, on an equal footing with other minority language broadcasters, and we are confident that the Freeview question will be resolved through the negotiations that continue to take place with the BBC Trust, with Ofcom and with government.

Questions about distribution, on Freeview and cable, and about funding have been the focus of our discussions at MG ALBA Board level, with our BBC colleagues and in political debates throughout the year.

5

It is clear that BBC ALBA is an example of public service broadcasting in the digital age – founded in partnership, finding new modes of working and seeking the greatest possible value from each penny spent to meet audience demand. Although it may not yet be available in every household, BBC ALBA is now established as part of the cultural environment of Scotland, but once the challenges of distribution are resolved further funding will be required if we are going to develop the service.

I have been indebted to members of the MG ALBA Board for their expertise and advice throughout the year. The Chief Executive, Donald Campbell, has led and inspired his team, and every member of staff should take pride in the channel that stands as testament to their effort and professionalism. Government departments and politicians from all parties have supported MG ALBA and BBC ALBA, and the support of these people and of the public will be indispensable to us in our work in the year ahead.



LÈIRMHEAS AN ÀRD OIFIGEIR CHIEF EXECUTIVE'S REVIEW

6



A handwritten signature in black ink that reads "Donald Campbell".

Dòmhnall Caimbeul | Àrd Oifigear
Donald Campbell | Chief Executive

Bhon toiseach bha aig BBC ALBA a bhith daingean na amasan agus sùlbailte mu choinneimh an dùil àird a th' ann a dh'aindeoin chriochan cumhang ionmhais. Feumaidh BBC ALBA dìlseachd luchd-amhairc na Gàidhlig a ghleidheadh agus aig an aon àm ceathrar aig nach eil Gàidhlig a tharraing chun an t-seanail airson gach Gaidheal a tha ga choimhead, agus seo fhad 's nach eil e ri fhaighinn ach air ùrlaran saideil didseatach. Tron bhliadhna, a bharrachd air na h-uallaichean àbhaisteach, bha Urras a' BhBC a' sgrùdadh BBC ALBA, agus chosg stiùrlichean an t-seanail mòran tide san oidhpr sin. Eadar seo agus cho teann 's a tha buidseatan air a bhith, agus le àireamh seanail air Sky nach eil furasta a lorg, cha robh sinn às aonais dhùblan cruaidh.

From its inception BBC ALBA has had to adopt an innovative and resolute approach in the face of high expectations and resource limitations. BBC ALBA must secure the loyalty of the core Gaelic-speaking audience while also attracting four non-Gaelic-speaking viewers for every Gaelic-speaking viewer, and must do this while currently only available on the digital satellite platform. In the course of the year the workload was augmented by a BBC Trust review of BBC ALBA, something which required significant investment of management time and effort. These, and other factors such as budgetary constraints and the relatively anonymous channel number occupied by the channel on Sky, conspired to create a most daunting set of challenges.



'S e teisteanas sònraichte do sgioba co-bhanntachd BBC ALBA a tha ann gun robh àireamh mheadhanach 220,000 de luchd-amhairc ann an Alba a' coimhead BBC ALBA gach seachdain. Agus san ràith eadar Faoilleach agus Màrt 2010 dh'fhàs na figearan airson àireamh agus iùre toileachas an luchd-amhairc, an coimeas leis an aon ràith ann an 2009. Tha toraidhean cho làidir seo air rùn MG ALBA a neartachadh gu bhith a' toirt BBC ALBA dhan a h-uile dachaigh ann an Alba ann an 2010/11.

Bha sinn air ar brosnachadh gu mòr leis an uiread de luchd na Gàidhlig agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a tha a' cuinntais BBC ALBA am measg nam priomh sheanailan aca. A-mach às an fheadhainn a tha a' faighinn BBC ALBA, bha 66% ga choimhead gach seachdain, le àireamhan mheadhanach de 6 uairean san t-seachdain. Ach chan eil sinn a' gabhail air ar socair. Tha fios againn nach tig piseach air cor na Gàidhlig am measg Ghàidheal agus luchd-ionnsachaidh le bhith a' coimhead telebhisean a-mhàin, agus is ann air an adhbhar sin a rinn sinn ar farpais shoirbheachail FilmG a-rithist agus a dh'fhosgail sinn còmhraidhean le Bòrd na Gàidhlig air leasachadh gohoreas an air-loidhne a thèid làmhdh ri làimh le BBC ALBA airson ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Bha soirbheas BBC ALBA ga aithneachadh le BAFTA Scotland agus le Fèis nam Meadhanan Ceilteach. Bha sinn toilichte gun deach 3 prògraman ainmeachadh airson duais BAFTA Scotland agus 8 airson duais nam Meadhanan Ceilteach, agus bha sinn air ar dòigh glan nuair a fhuaire *Tormod* Duais nam Breitheamh ann am Baile an Iubhair. Thuirt na breitheamhan gun robh am film "sònraichte math ... aig iùre càileachd air leth agus fior Cheilteach ... a' sgrùdadadh laigsean agus raistranachd phearsanta le neart agus fireantachd". Tha sgioba nam prògraman agus Pure Magic Films airidh air moladh agus meala-naidheachd airson euchd cho mòr.

Chaidh soirbheas an t-seanail aithneachadh cuideachd le aonta ùr dà-bhliadhna le Prìomh Lìog Ball-coise na h-Alba. Nochd ùrachadh a' chùmhnan creideas ann am BBC ALBA agus tha seo a' sealtainn an adhartais a tha BBC ALBA air a dhèanamh, gu iùre mhòr ri linn dìcheall agus proifeiseantachd mneTV, solarache ar prògraman spòrs.

It is to the great credit of the joint BBC ALBA team that on average 220,000 viewers in Scotland switched on to BBC ALBA each week. In fact over the quarter from January to March 2010 the channel grew both its audience and its approval ratings as compared to the same period in 2009. Such a strong performance has strengthened the resolve of MG ALBA to bring the channel to all Scottish homes in the course of 2010/11.

We were extremely encouraged that BBC ALBA has been adopted as a favourite by Gaelic speakers and learners. Of those with access to BBC ALBA, 66% watched weekly, with average viewing hours of 6 hours per week. There is still so much more to achieve, though. We know that passive media consumption by Gaelic speakers and learners is simply not enough if the Gaelic language is to be renewed and that is why in the course of the year we once again held a most successful FilmG competition and opened dialogue with Bòrd na Gàidhlig with a view to developing an online audio-visual resource that will complement BBC ALBA for learners of Gaelic.

7

The success of BBC ALBA was recognised by BAFTA Scotland and by the Celtic Media Festival. Although pleased to receive 3 BAFTA Scotland nominations and 8 Celtic Media nominations, we were delighted when *Tormod* was awarded the Celtic Media Festival Jury Prize at Newry. The jury described it as "a film of particular excellence ... outstanding in its quality and truly Celtic in character ... tackling personal weakness and turbulence with strength and honesty". Deserved congratulations are due to the commissioning team and to Pure Magic Films for such an outstanding achievement.

The success of the channel was also recognised by the agreement of a new 2-year deal with the Scottish Premier League. Renewal of the contract alone was a vote of confidence in BBC ALBA and demonstrates the progress made by BBC ALBA, due in major part to the dedication and professionalism of mneTV, our supplier of sports programming.



LÈIRMHEAS AN ÀRD OIFIGEIR ++ CHIEF EXECUTIVE'S REVIEW ++

Ann an 2009/10 thòisich sinn air roi-innleachd airson luach a bharrachd fhaighinn a-mach à comharra agus iomhaigh ALBA airson choimhearsnachdan Gàidhlig. Le bhith a' togail cheanglaichean eadar sgoiltean Gàidhlig agus tachartasan ball-coise agus camanachd, thus sinn brosnachadh do dh'oidhirpean airson cleachdadadh na Gàidhlig sa choimhairsnachd a leudachadh.

Tha dùbhlan mòr ionmhais air a bhith aig MG ALBA. Sa bhliadhna-ionmhais, chaidh prògraman luach £13.7m a chraoladh, an coimeas le £14.8m sa bhliadhna ron an sin. Tha luach nam prògraman ann an stoc air tuiteam £3m agus mar thoradh bidh e do-dhèante dhuinn uaireannan craolaidh de phrògraman ùra a dhòn gun barrachd ionmhas. Airson an luach as mothà fhaighinn às na buidseatan coimseanaidh, chaidh iarraidh air an luchd-obrach airgead a shàbhaladh anns a h-uile buidseat eile. Le bhith tapaidh nar co-dhùnaidhean, chaidh againn air airgead a shàbhaladh a-mach à buidseatan airson margaidheachd, sanasachd phrògraman, trèanadh sa ghniomhachas, siubhal, conaltradh agus riaghadh corporra, a' cur ris a' bhuidseat airson phrògraman, agus tha an sgioba ionmhais agus luchd gleidhich nam buidseatan rim moladh airson seo a dhèanamh.

Tha cosgais gach uair airson prògraman MG ALBA fhathast a' tuiteam. Aig £26k gach uair tha cosgais prògraman MG ALBA 33% nas ìse na a' chosgais mheadhanach de £39k airson prògraman sa Bheurla (ach a-mhàin naidheachdan agus cùisean làitheil) a tha gan dèanamh gu sònraichte airson luchd-amhairc sna nàiseanan¹. Tha an t-eifeachdas seo na thoradh air modal solarachaидh nam prògraman a th' aig MG ALBA.

Rinn MG ALBA na bha fa-near dhuinn, agus na b' fheàrr na sin, a thaobh targaidean buidseat na bliadhna. Chaidh leasachaidhean èifeachd a chur an sàs, chaidh teicneolas fiosrachaïdh na buidhne a neartachadh, ghabh an luchd-obrach ri foghlam leantainneach proifeiseanta, agus thòisich a h-uile neach-obrach nach robh fileanta sa Ghàidhlig air cursa Ùlpan san ionad-obrach.

2009/10 also saw the beginnings of a strategy to leverage the ALBA brand for the benefit of Gaelic-speaking communities. By linking Gaelic-medium schools, football and shinty with broadcast events we gave profile and impetus to efforts to widen the use of Gaelic in the community.

The financial challenge facing MG ALBA has been significant. In the financial year we broadcast £13.7m worth of programmes, compared with £14.8m the previous year. Our level of programme stock has reduced by £3m over the course of the year and as a result we cannot foresee such levels of original broadcast programming in future without further funding. To maximise commissioning budgets the executive was tasked with identifying savings in all non-programme budgets. A robust approach to decision-making meant that budgets for marketing, promotions, industry training, travel, communications and corporate governance all contributed to the content budget, for which the finance staff and budget holders deserve much praise.

The average cost per hour of MG ALBA's programmes continues to fall. At £26k per hour MG ALBA's programming is 33% lower than the average cost per hour of £39k for non-news / non-current affairs English-language programming tailored to the audiences of the nations¹. The programme supply model used by MG ALBA is directly responsible for such efficiencies.

MG ALBA met and exceeded its budgetary targets for the year. Efficiency improvements were implemented, the company's IT capabilities were strengthened, staff committed to continuing professional education and all non-fluent Gaelic speakers on staff began an in-house Ulpan programme.

¹ Ofcom's Communications Market Report 2009 – Scotland, p.51



Ri linn chùisean air nach robh smachd againn – gu h-àraig co-dhùnadh Urras a' BhBC ath-sgrùdadh BBC ALBA a chur dheth rè ùine – cha do shoirbhich sinn san amas a bh' againn airson àite a ghleidheadh airson BBC ALBA air telebhisean didseatach talmhainn. Cha deach àite a ghleidheadh airson BBC ALBA air càball nas mothà.

Air na h-adhbharan seo, bha 2009/10 na bliadhna san robh càileachd aig àrd iùre ann an oidhirp agus gnìomh measgaichte leis a' bhriseadh dùil a th' ann nach eil BBC ALBA fhathast ri fhaighinn sa h-uile dachaigh ann an Alba. Tha sinn fior thoilichte leis a' cho-bhanntachd leis a' BhBC, agus tha sinn a' toirt taing chridheil thuca airson an cuid obrach agus dicheall. Gu seachd àraigd tha sinn a' toirt taing don fheadhainn a tha air a bhith a' coimhead ar prògraman agus a tha a' tilleadh gu BBC ALBA seachdain às dèidh seachdain.

Due to circumstances beyond our control – notably the decision of the BBC Trust to postpone consideration of its review of BBC ALBA – we failed to secure a promise of carriage for BBC ALBA on digital terrestrial television. Nor has carriage of BBC ALBA on cable yet been achieved.

For these reasons 2009/10 was a year of high performance and operational excellence, tempered by the disappointment of not yet securing access to BBC ALBA in all television viewing homes in Scotland. We are very pleased with the partnership with the BBC and thank them most sincerely for their hard work and dedication. Most of all we thank those who have watched our programmes and who continue to tune in week after week to BBC ALBA.

AMASAN IS TORAIDHEAN 2009/10

OBJECTIVES AND OUTPUTS 2009/10

10

	Amas Objective	Toradh Outcome
SGAOILEADH DISTRIBUTION	<p>Spectrum DTT air a ghleidheadh airson tionndadh gu didseatach, tro co-dhùnadh foirmiell Urras a' BhBC airson BBC ALBA a chur air DTT.</p> <p>DTT spectrum secured for digital switchover through a formal BBC Trust commitment to DTT carriage.</p> <p>Cumail ri craoladh Gàidhlig air telebhisean analog, le uairean Gàidhlig air BBC Two Scotland gan cumail an àrd agus amasan Ofcom a thaobh Seanaill 3 air an coilionadh.</p> <p>To maintain our commitment to Gaelic broadcasting on analogue television, with hours of Gaelic programmes maintained on BBC Two and Ofcom targets met in relation to Channel 3.</p>	<p>Gun choilidh: chuir Urras a' BhBC dàil air co-dhùnadh air DTT gu foghar 2010.</p> <p>Objective not met: the BBC Trust deferred its decision on DTT until autumn 2010.</p> <p>Air a choilidh: bha an aon àireamh de uairean craolaich air BBC Two Scotland agus STV ann an 2009/10.</p> <p>Objective met: the BBC Two Scotland and STV hours were maintained in 2009/10.</p>
RUIGSE REACH	<p>Ruigse luchd-amhairc a chumail an àrd tron bhliadhna, le ruigse co-dhiù 59% am measp luchd-labhairt na Gàidhlig agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, agus le 5% den luchd-amhairc san fharsaingeachd a' coimhead aon turas san t-seachdain.</p> <p>To maintain audience reach throughout the year, with at least 59% reach among core audience of Gaelic speakers and learners and 5% of wider audience to view at least once per week.</p>	<p>Air a choilidh: b' e 66% an àireamh mheadhanach den fheadhainn am measp luchd-amhairc le Gàidhlig aig an robh cothrom BBC ALBA fhaicinn. A dh'aindeoin 's nach eil an t-seanaill ri fhaighinn an-dràsta ach air saideil didseatach, a' ruigseann direach 40% den luchd-amhairc ann an Alba, bha ruigse aig 5% uile gu lèir. Bha luchd na Gàidhlig a' coimhead airson faisg air 6 uairean san t-seachdain agus bha an luchd-amhairc san fharsaingeachd a' coimhead airson beagan a bharrachd air uair gu leth san t-seachdain.</p> <p>Objective met: the average reach of BBC ALBA among those of the core audience able to receive the channel was 66%. BBC ALBA's reach is adversely affected by the fact that the channel is still carried only on digital satellite, reaching only about 40% of viewers in Scotland. Nevertheless, overall reach was 5%. The core audience watched for almost 6 hours per week and the wider audience watched for an average of just over 1.5 hours per week.</p>
PROGRAMAN CONTENT	<p>Càileachd agus èifeachd a chumail a' dol tro na cùmhnanntan libhrigidh, le prògraman air an libhrigeachd agus sgrùdaidhean mar bu chòir.</p> <p>To maintain both quality and efficiencies from volume deals, with delivery of product and satisfactory audits.</p>	<p>Air a choilidh: rannsachadh luchd-amhairc agus coilionadh thargaidh a thaobh uairean agus càileachd phrògraman a' dearbhadh gu bheileas a' faighinn luach às a cùmhnanntan libhrigidh. Chaidh atharrachaidhean a dhèanamh airson dèanamh cinnteach gum faighean luach as fheàrr às an libhrigeachd.</p> <p>Objective met: audience appreciation scores and the meeting of volume and quality targets confirm that volume deals are delivering value. Adjustments in arrangements have taken place to ensure deals remain on track to deliver continuing value.</p>
AIR-LOIDHNE ONLINE	<p>Gum biodh cothroman ann airson prògraman MG ALBA fhaicinn air-loidhne air BBC iPlayer, le 10 uairean ann gach seachdain.</p> <p>To continue to provide online access to selected MG ALBA programming via the BBC iPlayer facility, maintaining 10 hours per week.</p>	<p>Air a choilidh: air sgàth buidseatan teann cha robh ann ach 2 chuaith choimseanaidh. Bhathas a' measadh gun robh targaidh a thaobh farsaingeachd, càileachd agus luach an airgid air an coilionadh.</p> <p>Objective met: budgetary pressures resulted in only 2 commissioning rounds being held. Diversity, quality and value tests were deemed to be met.</p>
RÈDIO RADIO	<p>www.mgalba.com a stèidheachadh mar àite-cruinneachaidh airson phroifaiseantaich a' ghnìomhachais, tàlant ùr agus luchd-cleachdaidh eile nam meadhanan Gàidhlig, air a mheasadh le beachdan luchd-cleachdaidh agus conaltradh leis a' choimhairsnachd.</p> <p>To establish www.mgalba.com as a "meeting place" for industry professionals, new talent and other consumers of Gaelic media, measured by user feedback and interaction with communities of interest.</p>	<p>Cha robh an làrach-lin cho leasachte 's a bu chòir air sgàth cudrom air amasan eile. Tha rannsachadh a' sealstainn gur iad daoine sa ghnìomhachas a tha a' cleachdadh na làraich.</p> <p>The website remained under-developed partially due to diversion of resources towards other aims. Analysis shows that key users of the website are industry participants.</p>
	<p>Gum biodh prògraman rèdio MG ALBA rim faighinn airson rèdio coimhairsnachd agus rèdio coimeirsealta, le 80% de phrògraman rèdio maoinichte le MG ALBA ag amas air stèiseanan coimeirsealta no coimhairsnachd agus barrachd chompanaidhean a' solarachadh phòrograman rèdio.</p> <p>To continue to make MG ALBA funded content available for community and commercial radio, with 80% of MG ALBA funded radio broadcast targeted at commercial or community stations and an increase in the number of production companies supplying radio content.</p>	<p>Targaid 80% gun choilidh. Ceumannan air an gabhail airson lionra nas èifeachdaiche a stèidheachadh airson prògraman rèdio MG ALBA a sgaoileadh air stèiseanan rèdio coimhairsnachd agus coimeirsealta.</p> <p>80% target not met. Steps taken to establish a more effective network for the distribution of MG ALBA radio programmes with commercial and community radio stations.</p>



Amas Objective		Toradh Outcome
RANNSACHADH RESEARCH	<p>Barrachd earbsa a bhith agaínn bhon rannsachadh air àireamhan luchd-amhairc, le measadh air seasmhachd an rannsachaídha.</p> <p>To achieve greater comfort from quantitative audience analysis, by monitoring robustness of audience data.</p>	<p>Air a choilionadh tro rannsachadh BBC ALBA.</p> <p>Met through BBC ALBA research.</p>
TRÈANADH TRAINING	<p>Barrachd fiosrachadh roi-innleachdail fhaighinn air beachdan an luchd-amhairc tro rannsachadh.</p> <p>To obtain more strategic qualitative information, through improved audience panel research.</p>	<p>Pàtrian thairis air 12 miosan de fhiosrachadh air luchd-amhairc mar a bha dùil. Ach tha oidhriean a bharrachd a dhith airson déanamh cinnteach gu bheil am pannal a' riochdachadh an luchd-amhairc.</p> <p>Over the 12 months audience data formed patterns that conformed to expectations. However, continued efforts are required to ensure that the Gaelic panel is fully representative.</p>
OBRAIGHADH OPERATIONS	<p>Sgeama trèanaidh air a stèidheachadh airson chompanaidhean neo-eisimeileach agus dhaoine ag obair air an ceann fhèin, le sgeama Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach air a làn cleachdad agus measadh air eifeachd an sgeama.</p> <p>To enable a structured training regime for the independent sector and freelancers, with full take-up of the Continuing Professional Development (CPD) scheme and analysis of the scheme's effectiveness.</p> <p>Lèirmheas roi-innleachdail air àite Urras Trèanaidh Telebhisein Gàidhlig, le aithisg agus molaidhean.</p> <p>Strategic review of the role of the Gaelic Television Training Trust, with report and recommendations.</p>	<p>Sgeama CPD soirbheachail.</p> <p>Successful CPD scheme.</p> <p>Chaidh an t-amas seo a leudachadh gu leirmheas farsaing air solarachadh trèanadh sna meadhanan Gàidhlig. Chaidh seo a choimiseanadh agus a libhrigeadh.</p> <p>This objective was widened to a strategic review of the provision of Gaelic media training. This was commissioned and delivered.</p>
MARGAIDHEACHD MARKETING	<p>Modhan-obrach a leasachadh mu coinneamh dùblain an t-seanail, a' cleachdad goireasan MG ALBA airson ruith an t-seanail, agus a' coilionadh amasan a thaobh seasmhachd, measadh chunnartan agus cleachdad ghoireasan ann an Stòrnabhagh agus san Eilean Sgitheanach.</p> <p>Continue to improve operations to meet the challenges of the channel, using MG ALBA media facilities for channel output and meeting targets for resilience, risk management and usage in Stornoway and Skye.</p> <p>Goireasan mheadhanan MG ALBA a leasachadh a chum maith na coimhairsnachd, foghlam agus meadhanan ionadail, a' stiùireadh iomairetan leis a' Chomhairle ionadail agus le HIE agus a' cur ri leasachadh agus iomairetan ionadail ann an dòigh susbainteach.</p> <p>To develop MG ALBA media facilities as a community resource benefiting local education and media, take leadership role with local council and HIE, and make contribution of substance to local enterprise development.</p>	<p>Tron bhliadhna chaidh dòighean-obrach a thomhas agus a leasachadh. Chaidh a h-uile targaid a coilionadh a thaobh priomh thoghalach MG ALBA. Chaidh modhan stiùridh nan goireasan san Eilean Sgitheanach atharrachadh airson cleachdad a leudachadh.</p> <p>Throughout the year working practices and processes were continually assessed and improved. All targets were met in relation to MG ALBA headquarters. Management of the Skye facility was restructured in order to increase utilisation.</p> <p>Thàinig iomadach neach-tadhail agus aoidh gu goireasan MG ALBA tron bhliadhna. Agus tha a' Chomhairle ionadail air obair a thòiseachadh air leasachadh ghoireasan san sgìre airson Baile nam Meadhanan a chruthachadh.</p> <p>In the course of the year the facilities hosted many tours and visitors from the community. In addition the local Council started work on developing the surrounding facilities into a Media Village.</p>
GÀIDHLIG GAELIC	<p>Ùidh ann am BBC ALBA agus pròiseactan co-cheangailte a bhrosnachadh agus àite MG ALBA mar chom-pàirtiche cruthachail san t-seanail a dhaingneachadh, tro naidheachdan math sna meadhanan.</p> <p>To encourage media interest in BBC ALBA and related projects, positioning MG ALBA as a creative partner in the channel, by attracting regular positive media.</p>	<p>Brathan-naidheachd cunbalach a' sanasachadh prògraman BBC ALBA agus gnothaichean MG ALBA co-cheangailte riutha. B' e 32 an àireamh mheadhanach gach seachdain de stòridhean ann am páipearan-naidheachd ionadail agus nàiseanta, gu h-àraid a thaobh spòrs, ceòl agus farpais FilmG. Regular press releases promoting BBC ALBA programmes and related MG ALBA activities. Weekly average of 32 local and national press articles mentioning BBC ALBA, particularly in connection with sports coverage, music events and the FilmG competition.</p>
	<p>Gàidhlig a bhrosnachadh mar chàin a' ghniomhachais, le barrachd chompanaidhean riochdachaídha a' gabhail ri poileasaídha Gàidhlig.</p> <p>To encourage use of Gaelic as the working language of the sector, with more production companies adopting a Gaelic language policy.</p>	<p>Chuir aon solarache plana Gàidhlig air chois agus rinn companaidh eile trèanadh chàin airson a luchd-obrach. Tha an còigear aig MG ALBA aig nach eil Gàidhlig uile air tòiseachadh air cursa 2-bhliadhna air a thabhan san ionad-obrach.</p> <p>One volume supplier implemented its own Gaelic plan and one implemented language learning courses for staff. MG ALBA's 5 non-Gaelic speaking staff have all opted to join a 2-year language development programme provided in the workplace.</p>

LÈIRMHEAS AIR A' BHLIADHNA | BBC ALBA AGUS MEADHANAN GÀIDHLIG EILE
A REVIEW OF THE YEAR | BBC ALBA AND OTHER GAELIC MEDIA CONTENT

12





LUCHD-AMHAIRC

Tha àireamhan luchd-coimhead BBC ALBA air a bhith rèidh, le ruigse air feadh na h-Alba fad 15+ mionaid aig àireamh mheadhanach 180,000 (no 4.3% den t-sluagh) sna 12 miosan gu 31 Màrt 2010. Tha ruigse as àird am measg dhaoine a tha a' fuireach air a' Ghaidhealtachd (trì tursan nas àird na àireamh mheadhanach na h-Alba aig 13.4%). Tha an àireamh mheadhanach airson ruigse aig àm sam bith air a bhith 220,000, a' dol nas àird na cairteal a' mhillein gu cunbalach tron bhliadhna.

Sa bhithantas, bidh luchd-amhairc à mòr-shluagh na h-Alba a' coimhead BBC ALBA airson uair agus 38 mionaidean gach seachdain. Bidh luchd-amhairc le Gàidhlig a' coimhead BBC ALBA fad còig uairean agus 59 mionaidean gach seachdain. Bidh 66% de Ghaidheil aig a bheil telebhisean saideil a' coimhead gach seachdain, agus tha tarraig BBC ALBA co-ionnan thairis air diofar àiteachan agus eadar fir agus boireannaich sa choimhlearsnachd Ghàidhlig. Tha ruigse nam meadhanan Gàidhlig uile am measg nan Gaidheal aig 82%, agus 80% dhe na meadhanan seo a' tighinn bho sheirbheisean a' BhBC.

Tha rannsachadh luchd-amhairc cuideachd a' sealltainn gun robh atharrachadh mòr a thaobh cho mothachail 's a bha daoine ann an Alba mun t-seanail sa Ghiblean 2009, nuair a bha sanasachadh air TBh talmhainn. Am measg mòr-shluagh na h-Alba, is iad Aithris, Spòrs agus Ceòl Traidiseanta na gnèithean phrògraman as tarraigiche, agus am measg nan Gaidheal is e Naidheachdan agus Cùisean Làitheil, Aithris agus Cur-seachad na gnèithean as fheàrr leotha air BBC ALBA.

Tha goireas "coimhead a-rithist" a' tabhann 10 uairean de phrògraman BBC ALBA air BBC iPlayer gach seachdain, agus tha seo a' còrdadh gu mòr ris an luchd-amhairc. Sa chìad ràith de 2010, bha còrr air 241,000 iarrtas airson prògraman BBC ALBA air iPlayer, eadar 205,000 sruth iarrtais, 27,000 sruth co-chraoladh agus 9,000 iarrtas luchd-a-nuas.

AUDIENCES

Viewing figures for BBC ALBA have remained steady, with 15+ minute Scotland-wide reach averaging 180,000 (or 4.3% of the population) in the 12 months to 31 March 2010. Reach is highest amongst those living in the Highlands and Islands (three times the Scotland average at 13.4%). The average weekly any-time reach for the channel has been 220,000, regularly reaching a quarter of a million and above throughout the year.

On average, viewers amongst the general Scottish population watch BBC ALBA for one hour 38 minutes per week. In the Gaelic community, BBC ALBA viewers watch five hours and 59 minutes per week. 66% of Gaelic-speaking viewers who have access to satellite television tune in each week, and BBC ALBA is appealing to the Gaelic community equally across gender and location splits. The weekly reach for all Gaelic media with the Gaelic community is 82%, of which 80% derives from BBC services.

13

Audience research also shows that a step change in national awareness of the channel occurred in April 2009 coinciding with trials on terrestrial TV. In the Scotland-wide audiences, Factual, Sport and Traditional Music are the three most appealing genres, whilst Gaelic-speakers prefer to watch News/Current Affairs, Factual and Entertainment on BBC ALBA.

A watch-again facility provides 10 hours of BBC ALBA content on the BBC iPlayer each week, and this is beginning to prove very popular with the audience. In the first quarter of 2010, there were over 241,000 requests for BBC ALBA content on iPlayer, consisting of over 205,000 on-demand streams, 27,000 simulcast streams and 9,000 on-demand downloads.

BBC ALBA contributes both directly and indirectly to Gaelic education initiatives and is supporting Gaelic learners at all levels. Crucially, the channel has extended its appeal beyond its core audience of Gaelic speakers and learners; this is key to increasing awareness and accessibility to Gaelic.

Fiona Hyslop MSP, Minister for Culture & External Affairs



PRÒGRAMAN

San t-Sultain 2009, chomharrach BBC ALBA a' chiad bhliadhna air an adhair le clàr de phrògraman ùra, nam measg sealladh geur air an neach-ealain agus trioblaidean dibhe sa phrògram-aithris *Tormod*, mun sgrìobhaiche agus cleasaiche Tormod MacGillEain. Choisinn am film Duais nam Breitheamhan, an duais as luachmhoir aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach. Tha BBC ALBA làidir a thaobh phrògraman-aithris, leis na sreathan *Trusadh*, de phrògraman air an dèanamh ann an Alba, agus *Soillse*, a bhios a' taisbeanadh stòridhean eadar-nàiseanta. Tha prògraman-aithris sònraichte air sgeulachdan pearsanta, leithid *Balaich Eileen*, a' cur an cèill lèirsinn an t-seanail airson phrògraman-aithris.

Tha na naidheachdan mar bhun-stèidh na tha BBC ALBA a' tabhann don choimhearsnachd Ghàidhlig, agus bho na stiùideothan aca ann an Inbhir Nis tha sgioba a' BhBC airson An Là a' leantainn orra le seirbheis ùr-ghnàthraighe a tha ag eàrigh à tuigse air an luchd-amhairc agus anns a bheil lèirsinn a tha an dà chuid nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Le stòridhean mu aimsir chruaidh a' gheamhraidh agus naidheachdan mòra ionadail mar a' chunnart gun rachadh ionad Qinetic ann an Uibhist a dhùnadh, bha e

PROGRAMMES

September 2009 saw BBC ALBA marking its first full year on-air with a schedule featuring a variety of new programming including a challenging portrait of the artist and alcoholism in the documentary *Tormod* about the writer and entertainer Norman MacLean. The film later won the Jury Award, the most coveted award of the Celtic Media Festival. Factual programming is a BBC ALBA strength with the regular home-produced *Trusadh* strand, and *Soillse*, which showcases international storytelling. Special documentaries of human interest like *Balaich Eileen*, which dealt movingly with Duchenne muscular dystrophy, are key indicators of the channel's vision for its factual programming.

News is the bedrock of BBC ALBA's offering to the Gaelic community and, from its base in Inverness, the BBC An Lè team continue to innovate with a service which shows a deep understanding of the core audience needs and a scope which is both national and international. The harsh winter weather and major local stories like the threatened closure of the Qinetic base in Uist demonstrated the strength of the team's multi-media skills across television, radio and online. 2009-10 was also a year of intensive planning for the

14



“ *Chord am program Air a' Chuan rium gu mòr. Bha e air leth intinneach. Bha e a' còrdadh ri caraid agam aig nach eil Gàidhlig cuideachd.* **”**



follaiseach gun robh sgilean ioma-mheadhanach làidir aig an sgioba thairis air telebhisean, rèdio agus air-loidhne. Cuideachd ann an 2009-10 bha an sgioba a' planadh airson naidheachdan taghadh coitcheann na Rioghachd Aonaichte – a' chiad turas a rinn BBC ALBA a leithid. Tha *Eòrpa* air a bhith cliùiteach air feadh na h-Alba mar phrògram chûisean làitheil fad nam bliadhnaichean. Chan eil e a-nis leis fhèin ann a bhith a' giùlain chûisean làitheil ann an Gàidhlig, agus am bliadhna bha e follaiseach gun robh a naidheachdas fhathast cho làidir 's a bha e riamh, le aithris air èigneachadh sa chogadh ann am Bosnia.

Tha sgioba nam prògraman agus na rìochdairean daonna a' lorg thachartasan ciùil a bhios a' cur ri roghainn an luchd-amhairc. Eadar prògraman bho *Na Trads* agus neart agus doimhneachd nam prògraman ciùil eile againn, tha BBC ALBA aig cridhe ceòl traidiseanta sa phriomh àm air feadh na h-Alba agus thall thairis. Tron bhliadhna bha BBC ALBA a' taisbeannadh Fèis Blas, Fèis Ciùil Ceilteach nan Innse Gall agus Tatù Innse Gall. Dhearbaich prògraman à feisean ciùil dhùthchail Ghallaibh agus Chreetown cho tarraingeach 's a tha an gnè-prògram seo le luchd-amhairc ann an Alba.

coverage of the UK General Election – another first for BBC ALBA. *Eòrpa* is a long-running current affairs strand with a Scotland-wide reputation. *Eòrpa* is no longer the sole carrier of current affairs in Gaelic, and this year's programmes showed that the series' enduring strength is the quality of its journalism, culminating in the team's report on cases of rape during the Bosnian war.

15

Events which add to the choice of viewing for music audiences are actively sought out by our commissioning team and their producers. The coverage of *Na Trads* awards coupled with the strength and depth of our other traditional music programming clearly positions BBC ALBA as a major prime-time home for traditional music throughout Scotland and beyond. Events covered this year included the Blas festival, the HebCelt Music Festival and the Hebridean Tatoo. Programmes from the Caithness and Creetown country music festivals confirmed the continuing appeal of the genre with Scottish audiences.






16

CLANN & ÒIGRIDH

Tha clann agus daoine òga sàr-chudromach am measg luchd-amhairc BBC ALBA, agus tha dà uair de thìde de phrògraman ann air an son gach latha tron t-seachdain. Is e dealbhan-beò an gnè-phrògram as bitheanta, le *Jibber Jabber*, sreachùr à Canada, a' còrdadh riutha gu mòr, mar a tha *Peppa*, leis a' charactair ainmeil Peppa Pig. Tha toraidhean luachmhor sa ghnè-phrògram seo a' tighinn às a' cho-bhanntachd leis a' BhBC, a' toirt dhuinn cothrom air sealbh nàiseanta a' BhBC agus a' toirt *An Sionnach Sgianach*, Wolverine sa Ghàidhlig, gu ar sgàilein. Chaidh *Dè a-nis?* ainmeachadh mar am prògram cloinne as fheàrr aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach ann an 2009 agus bha sreachùr do dhòigradh, *Breab*, soirbheachail sa bhad. As dèidh do *Siubhlachan* soirbheachadh san pharpais FilmG 2008-09, chaidh iris slàn den drama, *Siubhlachan: Mòr Mineag*, a choimiseanadh. Ghabh an luchd-amhairc beachd math ris a' phrògram nuair a chaidh a chraoladh aig àm na Nollaig 2009, a' sealltainn gu bheil sannt ann airson dràma sa Ghàidhlig, airson cloinne cho math ris an luchd-amhairc san fharsaingeachd.

CHILDREN & YOUNG PEOPLE

Children and young people are a key audience for BBC ALBA and are served by a week-day two-hour block of programming. Animation is the most common genre with *Jibber Jabber*, a new series from Canada, proving an outstanding success along with *Peppa* which features the much-loved Peppa Pig character. The partnership with the BBC bears great fruit in this area giving us access to national BBC properties and leading to the arrival of a Gaelic Wolverine in the shape of *An Sionnach Sgianach* on our screens. The long-running *Dè a-nis?* was named the Best Children's Programme at the Celtic Media Festival in 2009 and a new reality television strand for young people, *Breab*, was an immediate success. Following the success of the short film *Siubhlachan* in the 2008-09 FilmG competition, a full drama episode, *Siubhlachan: Mòr Mineag*, was commissioned. It had an excellent reception when it aired at Christmas 2009, clearly illustrating the unstiated appetite for Gaelic drama, as much in children's programming as for general audiences.





LUCHD-IONNSACHAIDH

Tha luchd-ionnsachaidh cudromach airson BBC ALBA agus tha ath-chraolaidhean de na prògraman *Speaking Our Language* a' còrdadh gu mòr ris an roinn seo den luchd-amhairc. Ach tha e follaiseach gu bheil iarrtas ann airson àrainneachd air-loidhne airson stuthan ionnsachaidh le innealan aig diofar ireach airson ionnsachadh cànan a rèir fheumalachdan pearsanta. Tha daoine a' tadhail nas trice air làrach an luchd-ionnsachaidh air www.bbcalba.co.uk na air duilleagan eile den làraich, agus anns a' mholadh a chuir MG ALBA agus am BBC gu Urras a' Bhòid san Dàmhair 2009 gheall sinn gun obraicheadh sgioba na co-bhanntachd còmhla ri buidhnean eile airson sàr-ghoireasan air-loidhne a libhrigeadh airson ionnsachadh na Gàidhlig. Fhuair am pròiseact seo taic mhòr le tabhartas £50,000 bho Riaghaltas na h-Alba airson na h-amasan seo a choilionadh.

Tha luchd na Gàidhlig gu h-àraid a' tighinn gu BBC ALBA airson cur-seachad agus airson shreathan a tha a' buntainn ris na rudan sa bheil ùidh aca. San t-sreath intinneach fiosrachail, *Farpais Phallain*, rinn daoine à tri eileanan strì an aghaidh a chèile airson cudrom a chall, agus air an làimh eile bha farpaisich a' strì gach seachdain ann an Còcaire nan Còcairean airson biadh na b' fheàrr agus na bu bhlasta ullachadh is iad a' cruthachadh annlan air leth airson luchd-amhairc BBC ALBA. Bha luchd-amhairc na b' òige gan tàladh gu na càraichean air *Air an Rathad*, agus fhuair càraichean agus daoine sgeadachadh (ach chan ann aig an aon àm) sna sreathan *Cuibhlichean an Fhortain* agus *Grinn*. Bha àbhachdas cuideachd ri lorg san t-sreath chomadaidh dhealbhan-beò stèidhichte ann am baile *Fraochy Bay*, samhla air Springfield airson BBC ALBA.

LEARNERS

Learners of Gaelic are a key audience for BBC ALBA and there is strong appreciation for the channel's re-screening of the definitive series for Gaelic learners *Speaking Our Language*. However, a clear demand is emerging for a non-linear audiovisual learning environment with scaled and varied language-learning tools to match personal needs. Already the learners' section is the most visited part of www.bbcalba.co.uk and in our submission to the BBC Trust in October 2009 MG ALBA and the BBC promised to work with other partners to deliver a world-class non-linear home for Gaelic learning. This project has been much advanced by the grant of £50,000 by the Scottish Government towards this end.

17

Gaelic audiences, especially, come to BBC ALBA for entertainment and for series which touch upon their life interests. The entertaining and informative series *Farpais Phallain* in which groups from three island communities did battle in a weight-loss challenge was nicely complemented by *Còcaire nan Còcairean* where contestants weekly out-did each other in bringing better, tastier, more lip-smacking, more mouth-watering culinary tours-de-force to the BBC ALBA viewer. A younger audience was courted by the *Air an Rathad* motor series, and cars and people were subjected to makeovers (although not at the same time) in the series *Cuibhlichean an Fhortain* and *Grinn*. Humour was also provided by the comedy animation series set in BBC ALBA's own Springfield, *Fraochy Bay*.

“ As for Speaking Our Language, as a learner it's a must watch programme – wish there was more for learners. ”




SPÒRS

Tha spòrs na ghìnè phrògraman cudromach airson iomadach seanaill, ach tha BBC ALBA a' feuchainn ri bhith a' frithealadh air ùidhean sònraichte a tha a' lìonadh bheàrnan sna prògraman spòrs a bhios rim faighinn air seanailean eile, gu h-àraid le ball-coise Albannach, rugbaidh agus camanachd. Tha leasachadh, gnothaichean aig na freumhan agus spòrs nam ban uile aig cridhe ar lèirsinn airson spòrs, agus tha sinn air a bhith ag obair còmhla ri Comann na Camanachd airson taic a chumail ri spòrs nàiseanta na Gaidhealtachd. Tha sinn air geamaichean Lìog Ball-coise na h-Alba agus Cupan Dùblain na h-Alba a chraoladh, a bharrachd air cuid de na sgiobaidean à Prìomh Lìog na h-Alba nach fhaicear cho tric air seanailean eile, sna prògraman "mar bheò" againn. Tha sinn mothachail gum bi prògraman mar seo a' tarraing luchd-amhairc nach cuireadh luchd-rannsachaидh am measg nan

SPORT

Sport is a staple part of the programming for many channels, but BBC ALBA tries to serve niches which complement the coverage supplied by more mainstream television, especially in Scottish football, rugby and shinty. Development, grassroots concerns and women's sport all feature at the heart of our editorial vision for sport and we have worked well with the Camanachd Association to help support the national sport of the Highlands. In football we have shown live Scottish Football League and Challenge Cup matches as well as the less featured clubs from the Scottish Premier League in our deferred coverage. This is an area of programming that attracts audiences who might not be classified by researchers as 'Gaelic valuers'. We lay great store by a production style that is first and foremost visual, and which serves Gaelic audiences but does not disenfranchise non-Gaelic speakers. 2009-10 has been

18



“

The Unite Scottish Cup is the most prestigious event in the senior women's calendar and having it covered live by BBC ALBA is a very positive step. Women's football continues to be one of the fastest growing sports and this is reflected by the interest shown by BBC ALBA.

”

Maureen McGonigle, Scottish Women's Football Association



daoine a tha a' cur luach air a' Ghàidhlig, agus tha sinn a' cur feum air stoidhle riochdachaidd a tha stèidhichte air iomhaighean làidir, aig an aon àm a' frithdealadh air luchd na Gàidhlig agus gun a bhith a' fàgail às daoine aig nach eil a' Ghàidhlig. Tro 2009-10 tha sinn air a bhith a' tarraing ri chèile prògraman spòrs BBC ALBA, le toiseach soibhreachaill airson Club TV, a tha a' toirt fuasgladh air a' ghainnead de phrògraman sa bheil Celtic agus Rangers rim faicinn air an t-seanail. Ach ann an 2010-11 bidh sinn a' toirt ceum eile air adhart le ar n-amasan airson phrògraman spòrs. Fo chùmhnant ùr leis an SPL faodaidh sinn na geamaichean "mar bheò" a chraoladh aig 5:30f Disathairne, seach aig 8f. Agus fo chùmhnant ann an co-bhanntachd le craoladairean ann an Éireann agus sa Chuimhrigh, is e BBC ALBA an aon chraoladair a bhios a' craoladh gheamaichean Liog Magners beò ann an Alba.

a year of consolidation in sport on BBC ALBA, with the successful debut of *Club TV*, which addresses to an extent the lack of coverage of Celtic and Rangers on the channel. 2010-11 will however see our sports coverage step forward in its ambitions. A new deal with the SPL will allow us to broadcast deferred SPL games at 5:30pm on Saturdays rather than at 8pm. And a deal done in partnership with Irish and Welsh broadcasters will also position BBC ALBA as the exclusive live broadcaster for Magners League in Scotland.



19





RÈIDIO

Tha e mar amas aig MG ALBA a bhith a' cur 80% den mhaoin airson rèidio a dh'ionnsaigh stèiseanan coimeirsealta no coimhearsnachd, ged a thathas a' smaoineachadh gu bheil e a' fàs nas duilghe prògraman sa bheil mòran Gàidhlig ga labhairt a chur gu feum ann an clàran nan stèiseanan seo. Airson cur an aghaidh seo, tha MG ALBA air maoin leasachaидh a thoirt do dh'Isles FM airson plana a chruthachadh airson prògraman Gàidhlig a sgaoileadh air feadh lìonra nan stèiseanan rèidio coimhearsnachd. Am measg ar solaraichean rèidio am bliadhna bha Bees Nees Media, Mac TV, Eyeline Media, BBC, Islands Book Trust agus Moray Firth Radio. Fhuair luchd na Gàidhlig trèanadh agus thòisich iad a' craoladh a' chiad phrògram aca air Moray Firth Radio san Lùnastal 2009. Tha cuid de na prògraman ciùil air BBC ALBA cuideachd freagarrach airson craoladh air rèidio, agus thathas a' sùileachadh gun gabhadh cuid de na stuthan maoinichte le MG ALBA a chraoladh air diofar ùrlaran, bhon t-seanail telebhisein BBC ALBA gu rèidio coimhearsnachd agus coimeirsealta, Radio nan Gàidheal, air bbcgalba.co.uk, iPlayer agus cuideachd air làraichean-lìn eile, gus am faigh an luchd-èisteachd na prògraman air an ùrlar as goireasaiche dhaibh fhèin.

20



“ *The Hogmanay show was absolutely brilliant – enjoyed every minute of it. Well done guys! Great hosts, great chat, songs and playing – only wish I'd been there!* **”**

RADIO

MG ALBA has a stated aim to direct 80% of its radio funding towards commercial or community stations although there is a growing perception that speech-heavy Gaelic content is finding it more and more difficult to break into community and commercial radio schedules. To counter this, MG ALBA has granted Isles FM development funding to formulate a plan for distributing Gaelic programming across the network of community radio stations. Suppliers this year include Bees Nees Media, Mac TV, Eyeline Media, BBC, Islands Book Trust and Moray Firth Radio. Gaelic trainees started broadcasting their first Gaelic show on Moray Firth Radio in August 2009. Some of the BBC ALBA television music programmes are suitable for radio broadcast and it is envisaged that some content funded by MG ALBA could be broadcast on a broad variety of platforms from BBC ALBA television to community and commercial radio, Radio nan Gàidheal, on bbcgalba.co.uk, iPlayer and also on third party on-line sites, thus serving the audience on the platform most convenient to them.



SGAOILEADH

Tha bacadh mòr air na tha e an comas BBC ALBA a thabhairn don luchd-amhairc a chionn 's nach eil e ri fhaighinn air Freeview no càball ann an Alba. Ach a dh'aindeoin seo tha e air dearbhadh gu follaiseach gu bheil luchd-amhairc ann air a shon agus gu bheil an luchd-amhairc seo ag aithneachadh adhbhar-bith an t-seanail. Tha iреan tlachd am measg dhaoine le Gàidhlig airson phrògraman sònraichte tron bhliadhna, gu h-àraig an t-seirbheis eadar-chreideamh à Inbhir Nis aig àm na Nollaig agus prògram beò Oidhche Challainn às an Oban, a' sealltainn gu bheil an t-seirbheis ag obair gu cruaidh airson feumalachdan an luchd-amhairc Ghàidhlig, sean is òg, a riachadh. Air feadh na h-Alba, gu h-àraig nuair a bhios sinn a' craoladh prògraman aithris, spòrs agus ceòl, tha tuigse nas fheàrr a' fàs am measg a' mhòr-shluagh gum faighear air BBC ALBA seallaidhean eadar-dhealaichte luachmhor agus roghainn ùr airson an luchd-amhairc.

ACCESS

BBC ALBA is much handicapped as an audience proposition because it is not available on Freeview or on cable in Scotland. However it has clearly demonstrated that it has a public and that that public recognises its purpose. The appreciation of the Gaelic community of key broadcasts through the year, culminating in our interdenominational Christmas Eve church service from Inverness and our live Hogmanay show from Oban, demonstrates that the service is working hard to keep in tune with the needs of the Gaelic audience, young and old. Throughout Scotland and beyond, especially when we broadcast factual, sport and music programming, there is also a growing appreciation by audiences of the role of BBC ALBA as a source of valuable and different perspectives and a new choice in their viewing.



21

Is e an gearan as trice a chluinneas sinn tron rannsachadh luchd-amhairc nach urrainn dhaibh BBC ALBA fhacinn a chionn 's nach eile e ga ghiùlain air Freeview no càball. Feumar fuasgladh a lorg air na ceistean seo ann an 2010-11. Cha robh gearan sam bith ann an 2009-10 a dh'adhbharrach sgrùdadh Ofcom no Urras a' BhBC.

Respondents' most frequent complaint is about access and the lack of carriage for BBC ALBA on Freeview and on digital cable. These carriage issues need to be resolved in 2010-11. There were no complaints about BBC ALBA in 2009-10 that necessitated the involvement of either Ofcom or the BBC Trust.





TÀLANT AGUS TRÈANADH
TALENT AND TRAINING

22





A' LEASACHADH TÀLANT AIRSON AN ÀM RI TEACHD

Tharraing FilmG na bliadhna, air cuspair Gaisgeach, còrr is 50 film goirid, gach fear ri fhaicinn air www.filmg.co.uk. Tha FilmG a' brosnachadh dhaoine de gach aois is comas – luchd-labhairt na Gàidhlig, luchd-ionnsachaид agus feadhainn gun Ghàidhlig – sgeulachdan innse tro mheadhan na Gàidhlig air meadhan didseatach. Tha FilmG gu h-àraig a' tort cothrom do fhileantaich agus luchd-ionnsachaيد iad fhèin a chur an cèill sa Ghàidhlig, cothrom a tha òigridh agus sgoiltean le ionnsachadh Gàidhlig air glacadh. Bha FilmG soirbheachail agus leanaidh e ann an 2010 le taic leantainneach HIE, UWS agus Bòrd na Gàidhlig.

Bha iomairtean eile a' dol tron bhliadhna, eadar sgeama MG ALBA airson leasachadh leantainneach proifeiseanta airson chompanaidhean agus airson dhaoine ag obair air an ceann fhèin, buidhnean obrach gan ruith le Actor's Cut airson sgilean chleasaichean air beulaibh camara a leasachadh, agus obair leasachaيد air sgriobtaichean le clann-sgoile.

Tha àrainneachd nam meadhanan ag atharrachadh fad an t-siubhail, agus feumaidh structar trèanaidh a bhith ann a fhreagras ris na dùblain a tha romhainn. Ann an 2009, chuir MG ALBA sgrùdadh air dòigh a' coimhead air solarachadh trèanadh. Bha na molaidhean fosgaithe airson co-chonaltradh, agus thèid an cur an gnìomh ann an 2010-11.



DEVELOPING TOMORROW'S CONTENT MAKERS

This year's FilmG on the theme of Gaisgeach, meaning hero, champion or warrior, attracted over 50 short films, all available to view online at www.filmg.co.uk. FilmG enables people of all ages and abilities, whether Gaelic speakers, learners or non-speakers, to tell stories in Gaelic through digital media. In particular FilmG creates a platform for expression for Gaelic speakers and learners, something which young people and schools with Gaelic medium education have embraced enthusiastically. The project was a huge success and will be continued in 2010 with the continued support of our partners at HIE, UWS and Bòrd na Gàidhlig.

Other initiatives throughout the year have included MG ALBA's continuing professional development (CPD) scheme for production companies and freelancers, workshops run by Actor's Cut to develop actors' skills in working on camera, and script development work with school-age children.

The fast-changing media landscape requires a training framework fit for the challenges ahead. In 2009, MG ALBA commissioned a review of the provision of Gaelic training. The recommendations have been open to consultation and are to be implemented in 2010-11.



23

“Winning FilmG has opened so many doors for me ... and has spurred me on to take my directing further”

Rachel Hendry, winner of best documentary, FilmG 2009



AITHRIS RIAGHLAIDH GOVERNANCE STATEMENT

RAON-ÙGHDARRAIS MG ALBA

Chaidh MG ALBA a stèidheachadh (fo ainm Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) fo ullachadh Achd Conaltraidh 2003, Earrannan 208-210, gus dèanamh cinnteach gum bi sreach fharsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig air an lìbhrigeadh tro chraoladh no eile gu sluagh na h-Alba.

Tha ùghdarris air a thoirt do MG ALBA airson prògraman a dhèanamh agus ceadan craolaidh a chumail a bharrachd air an fheadhainn shònraichte air an liostadh ann an Earrann 208 (4B) de Achd Chonaltraidh 2003. Tha i air cumhachdan agus dleastanasan maoineachaидh a ghabhail a-staigh a thaobh maoineachadh phrògraman Gàidhlig, trèanadh, rannsachadh agus obair cho-cheangailte fo Earrannan 183 agus 184 de Achd Craolaidh 1990, Earrannan 32 agus 95 de Achd Craolaidh 1996 agus Pàipearan-taic co-cheangailte riutha.

24

STRUCTAR A' BHÙIRD

Tha am Bòrd air a dhèanamh suas de Chathraiche agus suas ri 11 ball eile. Tha buill air an cur an dreuchd airson ùine-shuidheachaidh le Ofcom le aonta bho Rùnaire na Stàite. Tha an t-Àrd Oifigear air a chur an dreuchd leis a' Bhòrd.

Sa bhliadhna a dh'halbh, bha trì comataidhean aig MG ALBA.

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

Tha raon-ùghdarris Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' gabhail a-staigh:

- breithneachadh air in-smachd, poileasaidhean cunntasachd agus sgrùdadhbh ton taobh a-muigh
- dearbhadh gu bheil poileasaidhean, dòighean-obrach agus siostaman freagarrach, a rèir riatanasan reachdail agus builichte gu h-iomchaidh
- ath-sgrùdadhbh ullachaidhean peinnsein co-dhiù gach trì bliadhna
- measadh air cunnartan agus èifeachdas MG ALBA fhèin

MG ALBA'S REMIT

MG ALBA was established (as Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig or Gaelic Media Service) under the provisions of the Communications Act 2003, Sections 208-210, to ensure that a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic is broadcast or otherwise transmitted so as to be available to persons in Scotland.

MG ALBA is empowered to make programmes and can hold broadcast licences other than those specifically listed in Section 208 (4B) of the Communications Act 2003. It has subsumed funding powers and responsibilities in relation to financing of Gaelic programmes, training, research and related activities under Sections 183 and 184 of the Broadcasting Act 1990, Sections 32 and 95 of the Broadcasting Act 1996 and related Schedules.

THE BOARD'S STRUCTURE

The Board comprises a Chairman and up to 11 other members. Members are appointed for fixed terms by Ofcom with the approval of the Secretary of State. The Chief Executive is appointed by the Board.

In the course of the year, MG ALBA had three committees.

Audit & Assurance Committee

The remit of the Audit & Assurance Committee includes:

- reviewing internal controls, accounting policies and external audit
- ensuring that policies, procedures and systems are appropriate, compliant with legislative requirements and duly implemented
- reviewing the pension arrangements on at least a 3-yearly basis
- assessing risks and MG ALBA's own effectiveness



- barrantachadh ma chithear iomchaidh neach-comhairleachaidd ionmhais neo-eisimeileach airson in-sgrùdadh co-dhiù uair sa bhliadhna

San Lùnastal 2009, ghabh Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidd os làimh raon-ùghdarrais na Comataidh Tuarastail.

Comataidh Inbhean

Tha raon-ùghdarrais Comataidh Inbhean a' gabhail a-staigh:

- comhairleachadh a' Bhùird air mar a tha BBC ALBA a' coilionadh amasan a' Bhùird a thaobh craoladh phrògraman agus thargaidean
- measadh às leth a' Bhùird agus comhairleachadh air adhartas a bheir cothrom do dhaoine ann an Alba prògraman Gàidhlig fhaighinn
- measadh às leth a' Bhùird agus comhairleachadh air buaidh cosg Maoin Craolaidh Gàidhlig le MG ALBA air cànan, cultar, coimhersnachd agus eaconamaidh
- measadh às leth a' Bhùird agus comhairleachadh air aithne chorporra agus iomhaigh phoblach MG ALBA
- molaidhean air gnèithean phrògraman agus poileasaidhean luchd-amhairc a tha rin cur an gnìomh ann a bhith a' cosg Maoin Craolaidh Gàidhlig

Comataidh Tuarastail

Tha raon-ùghdarrais Comataidh Tuarastail a' gabhail a-staigh:

- co-dhùnadhbh air tuarastal agus sochairean an Àird Oifigeir agus an luchd-obrach gach bliadhna

Bhon Lùnastal 2009, tha raon-ùghdarrais na Comataidh Tuarastail air a ghabhail os làimh le Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidd.

- commissioning if appropriate an independent financial adviser to carry out internal audit at least once every year

In August 2009, the Audit and Assurance Committee assumed the remit of the Remuneration Committee.

Standards Committee

The remit of the Standards Committee includes:

- advising the Board on whether BBC ALBA is meeting the Board's aims and objectives in relation to programme output and targets
- considering on behalf of the Board and advising on progress towards universal access to Gaelic audiovisual content in Scotland
- considering on behalf of the Board and advising on the linguistic, cultural and socio-economic impacts of MG ALBA's disbursement of the Gaelic Broadcasting Fund
- considering on behalf of the Board and advising on MG ALBA's brand presence and corporate identity
- making recommendations to the Board on genre and audience policies to be applied to disbursement of the Gaelic Broadcasting Fund

Remuneration Committee

The remit of the Remuneration Committee includes:

- deciding upon the remuneration and benefits of the Chief Executive and staff annually

The Remuneration Committee has since August 2009 been subsumed by the Audit and Assurance Committee.



AITHRIS RIAGHLAIDH ++ GOVERNANCE STATEMENT ++

AITHISGEAN AGUS STIÙIREADH

Cinn Roinnean

Bidh an t-Àrd Oifigear, Ceannard Ghoireasan agus Ionmhais, Ceannard Phrògraman agus an t-Oifigear Corporra a' coinneachadh co-dhiù gach mìos airson sùil a chumail air cur-an-gníomh a' Phlana Gnìomhachais bhliadhnaile, a bhios air aontachadh le Ofcom ro thoiseach na bliadhna, agus airson dèligeadh ri gnothaichean ionmhais, gnothaichean luchd-obrach agus cùisean eile.

Tha cinn-buidseit air an sgrùdadadh gach mìos a rèir slatan tomhais a' Phlana Gnìomhachais. Tha aithisgean agus cunntasan gan deasachadh airson luchd-stiùiridh na buidhne, airson Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, airson a' Bhùird agus airson Ofcom.

26

Tha na Cinn Roinnean a' cumail Clàr Chunnartan, a thèid ùrachadh gach mìos agus a tha ri dheasbad gach ràith le Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus leis a' Bhòrd.

Aithisgean Ràitheil

Gach trì mìosan tha na Cinn Roinnean a' coimhead gu mionaideach air aithisgean ràitheil air gach roinn de dh'obair na buidhne. Thèid pasgain de dh'aithisgean ràitheil a chur air adhart gu coinneamhan Comataidh Inbhean agus Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, agus as dèidh sin gu coinneamhan ràitheil a' Bhùird.

Fòram a' Bhùird

Bidh na Cinn Roinnean, Cathraiche a' Bhùird agus Cathraichean nan comataidhean a' cumail coinneamh neo-fhoirmeil no co-labhairt fòn cho tric 's a tha feum air, airson gnothaichean a làimhseachadh mar a dh'èireas iad agus fios a chumail ri chèile.

MANAGEMENT REPORTING

Senior Management Team

The Chief Executive, Head of Operations and Finance, Head of Content and Corporate Affairs Officer meet at least monthly to oversee the implementation of the annual Operational Plan, approved by Ofcom before the start of the year, to deal with financial affairs and to address other business and staff matters.

Budget heads are monitored monthly by reference to the parameters set out in the Operational Plan. Reports and accounts prepared for management, for the Audit & Assurance Committee, for the Board and for Ofcom.

The Senior Management Team also maintains a Risk Register, which is updated monthly and discussed quarterly with the Audit & Assurance Committee and the Board.

Quarterly Reporting Cycle

Every three months the Senior Management Team considers in detail quarterly reports on all aspects of MG ALBA's activities. Quarterly reporting packs are presented to the Standards Committee and to the Audit & Assurance Committee, and thereafter to the Board.

Board Executive Forum

The Senior Management Team, the Chairman of the Board and Committee Chairmen meet informally or hold a telephone conference as often as is needed, to deal with any pressing matters and to enable regular communication.



Sgrùdadh

Tha an Cathraiche a' coinneachadh gu cunbalach ris an Àrd Oifigear a tha an sàs bho là gu là anns gach roinn de obair MG ALBA.

Bidh luchd-sgrùdaidh on taobh a-muigh a' bruidhinn ris a' Bhòrd mu laigsean sam bith a thig am bàrr san sgrùdadh bhliadhnaile aca. Thèid co-dhùnaidhean na h-obrach seo agus cunnartan susbainteach sam bith a rannsachadh agus thèid dèiligeadh leotha mar a tha iomchaidh.

CUNNTACHALACHD AGUS IN-SMACHD

Tha an t-uallach iomlan air a' Bhòrd airson dèanamh cinnteach gun cùm MG ALBA suas siostam in-smachd a bhios a' lùghdachadh chunnartan agus a' dòn maoin agus gnothaichean MG ALBA, agus a bheir don Bhòrd barrantas reusanta gu bheil am fiosrachadh ionmhais a thèid a chleachdadh a-staigh agus fhoillseachadh a-muigh flor.

Ged nach urrainn do shiostam in-smachd sam bith làn bharrantas a thoirt an aghaidh mì-aithris, call no mì-riaghlaigh maoin MG ALBA, tha na siostaman an sàs dealbhte airson comharrachadh do na Buill cùisean a tha ag iarraidh aire ann an tide gus an tèid beachdachadh orra agus dèiligeadh riutha gu h-iomchaidh.

Bho àm gu àm bidh am Bòrd a' sgrùdadh agus ag ùrachadh phoileasaidhean agus phàipearan corporra, a tha rim faighinn aig www.mgalba.com.

Monitoring

The Chairman is in regular contact with the Chief Executive, who has day-to-day responsibility for all aspects of MG ALBA's activities.

MG ALBA's external auditors discuss with the Board any reportable weaknesses identified during their annual audit. Significant findings and risks are examined and are subject to appropriate action.

ACCOUNTABILITY AND INTERNAL CONTROLS

Board members have overall responsibility for ensuring that MG ALBA maintains a system of internal controls that minimise risk, safeguard MG ALBA's assets and interests, and provide the Board with reasonable assurance of the reliability of the financial information used internally and for external publication.

Although no system of internal controls can provide absolute assurance against material misstatement, loss or mismanagement of MG ALBA's assets, the systems in place are designed to identify to the members matters which require attention on a timely basis so that they may be considered and dealt with appropriately.

The Board periodically reviews and revises policies and corporate documents, which are available at www.mgalba.com.



AITHRIS RIAGHLAIDH ++ GOVERNANCE STATEMENT ++

Gnothaichean poileasaidh eile

Tha MG ALBA air racointean obrach a chomharrachadh far a bheil gnìomhan na buidhne a' cur ri Toraidhean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba. Tha iad seo air an comharrachadh ann am Plana Gníomhachais na buidhne gach bliadhna agus thig iad fo sgrùdadh bho àm gu àm.

Tha MG ALBA cuideachd air gabhail ri Poileasaidh Àrainneachd, a rèir poileasaidh àrainneachd Riaghaltas na h-Alba, airson buaidh agus èifeachd na buidhne a mheasadh agus a leasachadh, airson cleachdadh seasmhach a bhrosnachadh agus airson droch bhuaidh gnìomhan na buidhne air an àrainneachd a lughdachadh. Thèid sgrùdadh àrainneachd a chur air dòigh gach darna bliadhna, agus thèid targaidean a chur mu choinneamh plana gnìomh. Tha na Cinn Roinnean an urra ri bhith dèanamh cinnteach gu bheileas a' gabhail ris a' phoileasaidh agus a' phlana ghniomh.

28

Bidh na Cinn Roinnean a' faighinn aithisgean cunbalach air gnothaichean Slàinte agus Sàbhailteachd. Thèid teisteanasan Slàinte agus Sàbhailteachd airson togalaichean MG ALBA air fad ùrachadh gach bliadhna agus thèid aithisg a chur chun a' Bhùird.

BBC ALBA: BÒRD NA CO-BHANNTACHD

Tha Aonta Laghail eadar MG ALBA agus am BBC, a tha a' cur an cèill mar a thèid BBC ALBA a ruith leis an dà bhuidhinn agus dè chuireas gach buidheann ris a' phròiseact.

Tha Bòrd na Co-bhanntachd, air a bheil luchd-obrach bho gach buidhinn, a' cumail sùil air obair BBC ALBA. Is iad buill Bòrd na Co-bhanntachd:

Àrd Oifigear MG ALBA (sa chathair)
Ceannard Iomhais & Ghoireasan MG ALBA
Ceannard Obrachaidh a' BhBC ann an Alba
Ceannard Phrògraman a' BhBC ann an Alba

Fon Aonta Laghail thèid Ceannard Seirbheis BBC ALBA fhastadh leis a' BhBC agus thèid Ceannard Phrògraman BBC ALBA fhastadh le MG ALBA.

Other policy matters

MG ALBA has identified areas in which its activities contribute to the Scottish Government's National Outcomes. These are outlined in MG ALBA's annual operational plan and reviewed periodically.

MG ALBA has also adopted an Environmental Policy, in line with the Scottish Government's environmental policy, to assess and improve upon environmental performance, to encourage sustainable use of resources and to minimise the negative impact of the organisation's operations on the environment. An environmental audit is carried out every second year and targets are set for an action plan. The Senior Management Team is responsible for ensuring compliance with the policy and action plan.

The Senior Management Team receives regular reports on Health and Safety matters. Health and Safety certificates for all MG ALBA premises are renewed annually and a report sent to the Board.

BBC ALBA: JOINT MANAGEMENT BOARD

MG ALBA and the BBC have entered into a collaboration agreement that sets out the terms on which the two organisations run BBC ALBA and the resources that they will provide to the project.

This partnership is overseen by a Joint Management Board whose membership consists of:

MG ALBA Chief Executive (chair)
MG ALBA Head of Operations and Finance
BBC Scotland Head of Operations
BBC Scotland Head of Programmes

Under the terms of the collaboration agreement, BBC ALBA's Head of Service will be a BBC employee and BBC ALBA's Head of Content will be an MG ALBA employee.



**SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG
AG OBRACHADH FON AINM MG ALBA**

**CUNNTASAN AIRSON NA BLIADHNA A
DHÙIN**

31 MÀRT 2010

**SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG
OPERATING AS MG ALBA**

ACCOUNTS FOR THE YEAR ENDED

31 MARCH 2010

Aithris mu Dhleastanasan a' Bhùird	30
<u>Statement of the Board's Responsibilities</u>	
Aithisg bhon Luchd-sgrùdaidh Neo-eisimeileach	32
<u>Report of the Independent Auditor</u>	
Cunntas Teachd-a-steach agus Cosgais	34
<u>Income & Expenditure Account</u>	
Cothromachadh Cosgais	35
<u>Balance Sheet</u>	
Aithris mu Shruth-airgid	36
<u>Cash Flow Statement</u>	
Fios mu na Cunntasan	29
<u>Notes to the accounts</u>	
	37



AITHRIS MU DHLEASTANASAN A' BHÙIRD STATEMENT OF THE BOARD'S RESPONSIBILITIES

Tha am Bòrd an urra ri na cunntasan agus an Aithisg Bhliadhnaill ullachadh a rèir Inbhean Cunntasachd na Rìoghachd Aonaichte (Cleachdadh Cunntasachd Coitcheann na Rìoghachd Aonaichte) agus laghan iomchaidh.

Fo Achd Craolaidh 1990 (a chaidh a leasachadh le Achd Craolaidh 1996 agus le Achd Conaltraidh 2003), feumaidh am Bòrd cunntasan ullachadh airson gach bliadhna-ionmhas a bheir dealbh cheart fhirinneach air cùisean na Seirbheis agus air toraidhean na Seirbheis rè na h-ùine sin. Agus na cunntasan seo gan ullachadh aige, feumaidh am Bòrd:

- poileasaidhean cunntasachd iomchaidh a thaghadh agus an uair sin an cur an gnìomh air an aon rèir;
- breitheanas agus measadh a tha reusanta agus seaghach a dhèanamh;
- cur an cèill an do chumadh ri inbhean cunntasachd iomchaidh, fo rèir chlaonaidhean sam bith a nochdar agus a mhìnichear anns na cunntasan;
- na cunntasan ullachadh mar ghnothach a' dol air adhart nas luga na chan eil e iomchaidh gabhail ris gun cùm an t-Seirbheis oirre ag obrachadh.

The Board is responsible for preparing the Annual Report and the accounts in accordance with applicable law and United Kingdom Accounting Standards (United Kingdom Generally Accepted Accounting Practice).

The Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003) requires the Board to prepare accounts for each financial year which give a true and fair view of the state of affairs of the Service and of the results of the Service for that period. In preparing these accounts, the Board is required to:

- select suitable accounting policies and then apply them consistently;
- make judgements and estimates that are reasonable and prudent;
- state whether applicable accounting standards have been followed, subject to any material departures disclosed and explained in the accounts;
- prepare the accounts on the going concern basis unless it is inappropriate to presume that the Service will continue in operation.



Tha buill a' Bhùird an urra ri clàran-cunntasachd ceart a chumail a nochdas le cruinneas reusanta ag àm sam bith suidheachadh ionmhais na Seirbheis agus a chuireas air chomas dhaibh a dhèanamh cinnteach gun gèill na cunntasan do dh'Achd Craolaidh 1990 (a rèir mar a chaidh a leasachadh). Tha iad cuideachd an urra ri maoin na Seirbheis a dhion agus uime sin ceumannan reusanta a ghabhail gus feall agus mì-riaghailt eile a chasd agus a lorg a-mach.

Chun na h-ìre agus gum bi buill a' Bhùird mothachail:

- chan eil fiosrachadh-sgrùdaidh iomchaidh sam bith air nach eil luchd-sgrùdaidh na Seirbheis eòlach; agus
- tha buill a' Bhùird air na ceumannan uile a ghabhail a bu chòir a bhith air an gabhail gus am biodh iad mothachail air fiosrachadh-sgrùdaidh iomchaidh sam bith agus gus a dhearbhadh gu bheil an luchd-sgrùdaidh mothachail air an fhiosrachadh sin.

Tha am Bòrd an urra ri cumail suas agus amalachadh an fhiosrachaiddh a thaobh ionmhais a tha air làrach-lìn na Seirbheis.

The members of the Board are responsible for keeping proper accounting records that disclose with reasonable accuracy at any time the financial position of the Service and enable them to ensure that the accounts comply with the Broadcasting Act 1990 (as amended). They are also responsible for safeguarding the assets of the Service and hence for taking reasonable steps for the prevention and detection of fraud and other irregularities.

In so far as the members of the Board are aware:

- there is no relevant audit information of which the Service's auditors are unaware; and
- the members of the Board have taken all steps that they ought to have taken to make themselves aware of any relevant audit information and to establish that the auditors are aware of that information.

31

The Board is responsible for the maintenance and integrity of the corporate and financial information included on the Service's website.



AITHISG BHON LUCHD-SGRÙDAIDH NEO-EISIMILEACH GU BUILL SHEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

REPORT OF THE INDEPENDENT AUDITOR TO THE MEMBERS OF SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

Tha sinn air sgrùdadh a dhèanamh air na cunntasan aig Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig airson na bliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2010 a tha air an dèanamh suas de chunntas teachd-a-steach is cosgais, an cothromachadh cosgais, aithris mu shruth-airgid agus notaichean 1 gu 18. Thathar air na cunntasan seo ullachadh fo na poileasaidhean cunntasachd a tha air an cur an làthair nam broinn.

Thathar air an aithisg seo a dhèanamh do Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a-mhàin, mar bhuidhinn, a rèir Achd Craolaidh 1990 (a chaith a leasachadh le Achd Craolaidh 1996 agus le Achd Conaltraidh 2003). Tha sinn air an obair againn a ghabhail os làimh gus a chur an cèill don Bhòrd mu na cùisean sin a dh'fheumas sinn cur an cèill dha ann an aithisg luchd-sgrùdaidh agus chan ann air adhbhar sam bith eile. Chun na h-ìre as moth a cheadaicheadh fon lagh, chan eil sinn a' gabhail uallach do neach sam bith seach an t-Seirbheis mar bhuidhinn, don obair-sgrùdaidh againn, don aithisg seo, no airson nam beachd a tha sinn air nochdadh.

32

DLEASTANASAN AN LUCHD-STIÙRIDH AGUS AN LUCHD-SGRÙDAIDH MU SEACH

Tha dleastanasan a' Bhùird a thaobh ullachadh nan cunntasan a rèir Achd Craolaidh 1990 (a rèir mar a chaith a leasachadh) agus fo lagh na Rìoghachd Aonaichte agus Inbhean Cunntasachd (Cleachdadh Cunntasachd Choitcheann na Rìoghachd Aonaichte) air an cur an làthair anns an Aithris mu dhleastanasan a' Bhùird.

'S e an dleastanas a tha oirnn na h-aithrisean-ionmhais a sgrùdadh a rèir nam feumalachdan iomchaidh fon lagh agus fo riaghailtean is Inbhean Eadar-nàiseanta mu Sgrùdadh (An Rìoghachd Aonaichte is Èirinn).

Tha sinn a' toirt mar aithisg dhuibh am beachd againn co-dhiù a tha dealbh fhòr agus cheart ga toirt aig na cunntasan gus nach eil agus a tha iad air an ullachadh a rèir Achd Craolaidh 1990 (a rèir mar a chaith a leasachadh). Tha sinn cuideachd a' toirt dhuibh mar aithisg mas e, nar beachd, gu bheil an t-Seirbheis air clàran-cunntasachd ceart a chumail no ma tha sinn air am fiosrachadh agus an soilleireachadh uile fhaotainn airson an sgrùdaidh againn.

We have audited the accounts of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig for the year ended 31 March 2010 which comprise the income and expenditure account, the balance sheet, cashflow statement and notes 1 to 18. These accounts have been prepared under the accounting policies set out therein.

This report is made solely to Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, as a body, in accordance with the Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003). Our work has been undertaken so that we might state to the Board those matters we are required to state to them in an auditors' report and for no other purpose. To the fullest extent permitted by law, we do not accept or assume responsibility to anyone other than the Service as a body, for our audit work, for this report, or for the opinions we have formed.

RESPECTIVE RESPONSIBILITIES OF MEMBERS AND AUDITORS

The Board's responsibilities for preparing the accounts in accordance with the Broadcasting Act 1990 (as amended) and United Kingdom law and Accounting Standards (United Kingdom Generally Accepted Accounting Practice) are set out in the Statement of the Board's responsibilities.

Our responsibility is to audit the financial statements in accordance with relevant legal and regulatory requirements and International Standards on Auditing (UK and Ireland).

